



Sanas Priobhaideachd – Trusadh

Ro-ràdh

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig.

Cleachdaidh Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh pearsanta airson diofar adhbharan agus tha na sanasan priobhaideachd againn a' toirt seachad fiosrachadh air carson a bhios sinn a' faighinn agus a' cruinneachadh fiosrachadh pearsanta, agus mar a bhios sinn ga làimhseachadh.

Tha an sanas priobhaideachd seo a' mìneachadh mar a chleachdas Bòrd na Gàidhlig fiosrachaidh pearsanta air adhbharan trusaidh.

Dè am fiosrachadh a thèid a Chruinneachadh?

Tha feum aig Bòrd na Gàidhlig air fiosrachadh pearsanta airson a' phròiseis trusaidh. Airson a' mhòr-chuid de dhreuchdan, bidh sin a' gabhail a-steach:

- Fiosrachadh conaltraidh
- Sgilean, teisteanasan, eòlas agus eachdraidh obrach
- Dearbhadh gu bheil cead agaibh a bhith ag obair san RA
- Suidheachadh pearsanta nuair a tha sin iomchaidh, mar eisimpleir, gus measadh a dhèanamh air na feumalachdan a th' agaibh a thaobh a bhith a' gluasad 's dòcha gus an dreuchd a ghabhail os làimh
- Ditidhean airson eucoir – bidh fios air seo a dhìth airson cuid a dhreuchdan far a bheil cead a dhìth a thaobh ìrean-tèarainteachd
- Suidheachadh a' chead-dràibhidh agaibh airson cuid a dhreuchdan
- Strì eadar com-pàirtean
- Comasan sa Ghàidhlig

Mar as trice, thèid seo a chruinneachadh ann am foirm-iarrtais coitcheann, ach uaireannan 's dòcha gun iarr sinn tuilleadh fiosrachaidh a rèir dleastanasan sònraichte na dreuchd.

Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?

Thèid am fiosrachadh pearsanta a chleachdadh mar phàirt den phròiseas trusaidh. Thèid fiosrachadh a bhuineas ri iarrtas sònraichte airson dreuchd a chleachdadh gus na ceumannan iomchaidh a ghabhail a tha a dhìth airson cùmhnant a thoirt seachad. Airson tagraichean soirbheachail, cumaidh Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh san fhaidhle sgiobachd gus rian a chumail air a' chùmhnant obrach. Tha sanas priobhaideachd eadar-dhealaichte ann airson ar luchd-obrach agus cunnadairean.

Airson tagraichean nach robh soirbheachail, thèid pàirt den fhiosrachadh mun iarrtas agaibh a chumail airson ùine ghoirid às dèidh dhuinn co-dhùnadh a dhèanamh mun iarrtas agaibh, airson dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn dèiligeadh ri ceistean sam bith a th' agaibh mun iarrtas.

Tha seo a chum math dligheach Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn beachdan a thoirt do thagraichean air an iarrtas aca agus dèiligeadh ri ceistean no litrichean / puist-d sam bith a gheibhear a thaobh a' phròiseis thrusaidh.

An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?

Thèid fiosrachadh sam bith a gheibhear an lùib iarrtais airson dreuchd a thoirt do na daoine a tha air a' phannal thrusaidh. Dh'fhaodadh gun tèid fiosrachadh a chur gu daoine eile nuair a tha feum air sin mar phàirt den phròiseas thrusaidh. Bidh seo an crochadh air dè an dreuchd a tha sibh a' cur a-steach air a shon agus dh'fhaodadh gun tèid fios a chur gu Foillseachadh Alba (Disclosure Scotland) ma tha e mar phàirt den dreuchd a bhith ag obair còmhla ri clann is inbhich a tha feumach air dìon sònraichte.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' faotainn sheirbheisean HR tro chùmhnannt le buidheann eile, agus thèid am fiosrachadh agaibh a thoirt dhaibh an dà chuid mar phàirt den t-seirbheis thrusaidh a tha iad a' toirt dhuinn, agus airson tagraichean a tha soirbheachail, gheibh na seirbheisean HR fiosrachadh mun deidhinn fhad 's a tha iad san dreuchd.

Tha aontaidhean làimhseachaidh dàta ann leis a h-uile buidheann a bhios a' làimhseachadh fiosrachadh pearsanta às leth Bòrd na Gàidhlig, agus mar phàirt de seo, feumar làimhseachadh a dhèanamh taobh a-staigh na RA no Roinn Eaconamach na h-Eòrpa, no feumaidh dìonan iomchaidh a bhith ann ma tha seo air a dhèanamh le buidheann eadar-nàiseanta.

Dè thachras nuair nach bi feum tuilleadh air m' fhiosrachadh?

Thèid fiosrachadh a bhuineas ri cùisean trusaidh a chumail a rèir clàran-ama gleidhidh Bhòrd na Gàidhlig, agus thèid cur às dha an uair sin.

Thèid fiosrachadh pearsanta a gheibhear mar phàirt de dh'iarrtas airson dreuchd a ghleidheadh airson na h-ùine a leanas:

- Airson tagraichean soirbheachail a ghabhas ri cùmhnannt obrach, 6 bliadhna bhon cheann-latha air an tig an cosnadh aca gu crìch;
- Airson tagraichean soirbheachail a roghnaicheas gun gabhail ri cùmhnannt obrach agus tagraichean nach eil soirbheachail, thèid am fiosrachadh aca a chumail airson 6 mìosan.

Còraichean a Bharrachd

Fo Riaghailt Coitcheann Dìon Dàta na RA, tha grunn chòraichean agaibh a thaobh ur fiosrachadh pearsanta. Thoir an aire gu bheil dìorogachaidhean ann airson fiosrachadh rannsachaidh a dh'fhaodadh a bhith a' ciallachadh nach urrainnear cuid de na còraichean sin a chleachdadh a thaobh fiosrachadh pearsanta a thèid a chruinneachadh airson adhbharan rannsachaidh.

Tha còir agaibh:

- i. cead-inntrigidh iarraidh dhan fhiosrachadh phearsanta agaibh;
- ii. ceartachadh iarraidh air an fhiosrachadh phearsanta agaibh, a' ciallachadh gun tèid fiosrachadh ceàrr a chur ceart gun cus dàil;
- iii. iarraidh gun tèid am fhiosrachadh phearsanta agaibh a dhubhadh às nuair a tha cumhachan sònraichte an sàs;
- iv. bacadh a chur air làimhseachadh ann an suidheachaidhean àraidh;
- v. cuir an aghaidh làimhseachadh;
- vi. so-ghiùlaineachd dàta ann an cuid de shuidheachaidhean.

Thèid iarrtasan co-cheangailte ri ceartachadh, dubhadh às no bacadh làimhseachaidh a chur air adhart ri faightear sam bith aig a bheil ur fhiosrachadh phearsanta. Tha fiosrachadh air faightearan ri lorg anns an earrainn [An tèid am fhiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?](#)

Dh'fhaodadh suidheachaidhean a bhith ann far nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gabhail ris na h-iarrtasan gus na còraichean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd a chur an gnìomh. Ma thachras seo le iarrtas a nì sibh, thèid a mhìneachadh dhuibh carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig an t-iarrtas agaibh a choileanadh agus dè na roghainnean a th' agaibh.

Nuair a thèid ur fhiosrachadh phearsanta a làimhseachadh le aonta, tha còir a bharrachd ann an t-aonta agaibh a thoirt air falbh uair sam bith. 'S urrainn dhuibh fhaighinn a-mach mar a thèid ur fhiosrachadh phearsanta a làimhseachadh gu laghail anns an earrainn [Ciamar a thèid am fhiosrachadh agam a chleachdadh?](#)

Gearanan

Ma tha sibh mì-thoilichte leis an dòigh anns an do làimhsich Bòrd na Gàidhlig am fhiosrachadh phearsanta agaibh, tha còir agaibh gearan a dhèanamh dhan Choimiseanair Fiosrachaidh, a tha a' riaghladh reachdas dìon dàta air feadh na RA. Gheibhear am fios conaltraidh aca aig <https://ico.org.uk/>.

Fios Conaltraidh

'S e Bòrd na Gàidhlig an Rianadair Dàta (no Rianadair) airson fhiosrachadh phearsanta a thèid a chleachdadh mar a tha e air a mhìneachadh san t-sanas seo. Làrach-lìn: <http://www.gaidhlig.scot/>.

Ma tha ceist sam bith agaibh mun fhiosrachadh anns an t-sanas prìobhaideachd seo, cuiribh fios chun an neach a leanas sa chiad dol a-mach:

Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra/Oifigear Dìon Dàta
Bòrd na Gàidhlig
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis IV3 8NW
ofis@gaidhlig.scot
01463 225454

Dreach Version Number	Adhbhar/ Atharrachadh Purpose/Change	Ùghdar Author	Ceann-là Date
V2	Ath-sgrùdadh	LT	28/10/2024